25 An Lùnastal 2026

A Phàraint/Neach-chùraim chòir

Anns an Ògmhios 2025, dh'fhoillsich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh litir air Bun-sgoil an t-Sàilein. Stèidhich an litir grunn raointean leasachaidh air an do dh'aontaich sinn còmhla ris an sgoil agus Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid. O chionn ghoirid, mar a tha fios agaibh is dòcha, thadhail sinn air an sgoil a-rithist. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris a' cheannard agus an luchd-obrach. Chuala sinn bhon cheannard agus bho luchd-obrach eile mu na ceumannan a ghabh an sgoil airson leasachadh. Choimhead sinn air raointean sònraichte a chaidh ainmeachadh anns a' chiad sgrùdadh. Mar thoradh air seo, bha e comasach dhuinn faighinn a-mach mu dheidhinn adhartas a rinn an sgoil agus dè cho math 's a tha seo a' toirt taic do dh'ionnsachadh agus coileanadh na cloinne. Tha an litir seo a' mìneachadh na lorg sinn.

Cruthaich pròiseasan soilleir gus taic a thoirt do chomharrachadh, lìbhrigeadh agus ath-sgrùdadh phrìomhachasan leasachaidh san sgoil agus san aonad ro-chòig.

Tha adhartas cuingealaichte anns an raon seo. Tha feum aig a' cheannard agus an luchd-obrach air barrachd ùine agus taic bhon ùghdarras ionadail gus pròiseasan soilleir a chruthachadh gus taic a thoirt do chomharrachadh, lìbhrigeadh agus ath-sgrùdadh phrìomhachasan leasachaidh san sgoil.

Tha luchd-obrach san sgoil-àraich tro Mheadhan na Gàidhlig agus san t-suidheachadh Tràth-ionnsachaidh is Cùram-chloinne tro Mheadhan na Beurla a' tòiseachadh air stiùireadh nàiseanta a chleachdadh gus eòlasan chloinne a leasachadh. Bu chòir dhaibh cumail orra a' cleachdadh stiùireadh agus ghoireasan sònraichte don Ghàidhlig gus taic a thoirt do na gnìomhan fèin-mheasaidh aca.

Tha luchd-obrach san sgoil air a bhith ag obair gu h-èifeachdach còmhla ri clann gus lèirsinn agus luachan na sgoile ath-sgrùdadh agus a dhèanamh nas sìmplidhe. Rinn iad deagh cho-chomhairle còmhla ri pàrantan gus dèanamh cinnteach gu bheil iad sin buntainneach agus a' nochdadh co-theacsa Gàidhlig sònraichte na sgoile nas fheàrr. Feumaidh luchd-obrach a-nis co-obrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil an lèirsinn agus na luachan aig bunait, agus a' nochdadh, gach taobh de bheatha na sgoile. Feumaidh an ceannard a-nis co-obrachadh còmhla ri luchd-obrach agus coimhearsnachd nas fharsainge na sgoile gus amasan na sgoile a leasachadh tuilleadh, gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' toirt a-steach amasan coimhearsnachd na sgoile air fad.

Tha tòiseachadh adhartach air a bhith aig an luchd-obrach air a' Chomhairle mu Fhoghlam Gàidhlig a chleachdadh gus taic a thoirt do ghnìomhachd fèin-mheasaidh. Tha stiùirichean

 © Còir Leth-bhreac a' Chrùin

meadhanach, a tha fileanta sa Ghàidhlig, air tòiseachadh air lìonraidhean a thogail leis an urrainn dhaibh cleachdadh èifeachdach a cho-roinn.

Tha an ceannard air tuilleadh phròiseasan a chruthachadh gus beachdan luchd-obrach, phàrantan agus chloinne a chruinneachadh a thaobh obair na sgoile. Ach chan eil na pròiseasan seo an-còmhnaidh a' cruinneachadh fiosrachaidh a bhios a' toirt eòlas èifeachdach air fhèin-mheasadh obair na sgoile. A' gluasad air adhart, feumaidh an ceannard beachdachadh ann an dòigh nas ro-innleachdaile air an fhiosrachadh a dh'fheumas i cruinneachadh. Feumaidh i am fiosrachadh seo a sgrùdadh nas dlùithe gus neartan agus raointean a dh'fheumas leasachadh a chomharrachadh.

Chùm an ceannard oirre, le taic bhon ùghdarras ionadail, le bhith a' cumail sùil air càileachd an ionnsachaidh agus teagaisg air feadh na sgoile. Bu chòir don cheannard a-nis anailis nas dlùithe a dhèanamh air an fhiosrachadh a chaidh a chruinneachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd eòlasan ionnsachaidh na cloinne a' leasachadh.

Tha an luchd-obrach gu lèir fhathast ag obair gu math mar sgioba. Tha deagh thuigse aca air co-theacsa na sgoile agus na dùbhlain a tha mu choinneamh clann is theaghlaichean. Tha iad a' leantainn air adhart a' cleachdadh Maoineachadh Cothromas Sgoilearan (PEF) gus taic a thoirt do litearrachd, àireamhachd agus sunnd. Chan eil co-chomhairle nas fharsainge air a bhith aig ceannard na sgoile fhathast gus faighinn a-mach mar a bu chòir PEF a chosg. Feumaidh an ceannard PEF a chuimseachadh nas dlùithe air clann a tha a' fulang chnapan-starra nan ionnsachadh mar thoradh air na suidheachaidhean sòisio-eaconamach aca.

Leasaich dòighean-obrach airson eòlasan ionnsachaidh chloinne a dhealbhadh san sgoil agus san aonad ro-chòig. Bu chòir do luchd-obrach clann a thoirt a-steach barrachd ann am planadh ionnsachaidh.

Chan eil adhartas gu leòr air a bhith ann fhathast san raon leasachaidh seo. Ged a tha adhartas deimhinneach air a bhith ann san dà shuidheachadh sgoil-àraich, feumaidh barrachd ùine, agus barrachd taic bhon ùghdarras ionadail, a bhith aig a' cheannard agus an luchd-obrach gus dòighean-obrach a leasachadh airson eòlasan ionnsachaidh chloinne san sgoil a dhealbhadh. Feumaidh clann a bhith air an toirt a-steach barrachd ann am planadh ionnsachaidh.

Tha luchd-obrach san sgoil-àraich air leasachadh a dhèanamh air mar a bhios iad a' glacadh adhartas agus com-pàirteachadh chloinne ann an eòlasan ionnsachaidh. Airson Foghlam Meadhan Gàidhlig, bidh an luchd-obrach a' dealbhadh na Gàidhlig a bhios clann ag ionnsachadh gu h-èifeachdach. Bu chòir dhaibh a-nis an t-ionnsachadh cudromach air an dèan iad measadh a chomharrachadh gu soilleir.

Anns an sgoil-àraich, tha an luchd-obrach a' tòiseachadh air ionnsachadh a dhealbhadh mean air mhean ann an litearrachd agus Gàidhlig/Beurla, àireamhachd agus matamataig,

 © Còir Leth-bhreac a' Chrùin

agus slàinte is sunnd. Bu chòir dhaibh a-nis an dòigh-obrach seo a leudachadh gu gach raon den churraicealam gus dèanamh cinnteach gum bi clann a' faighinn eòlas air ionnsachadh a tha dùbhlanach gu leòr.

Anns an sgoil, bu chòir do thidsearan dèanamh cinnteach gu bheil clann a' faighinn eòlas air ionnsachadh adhartach air feadh CfE, a' gabhail a-steach Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh). Feumaidh an ceannard sùil nas mionaidiche a chumail air planadh còmhla ri tidsearan. Feumaidh i taic nas fheàrr a thoirt do thidsearan gus gnìomhan agus gnìomhachdan ionnsachaidh atharrachadh gus coinneachadh ri feumalachdan a h-uile pàiste. Feumaidh i aontachadh le tidsearan mu na gnìomhan soilleir a dh'fheumas iad gabhail gus taic a thoirt do chloinn gus faighinn thairis air cnapan-starra a thaobh ionnsachaidh.

Bidh tidsearan a' leantainn air adhart a' suidheachadh obair aig an ìre dhuilgheadais cheart airson a' mhòr-chuid de chloinn. Feumaidh iad a-nis ionnsachadh nas cunbhalaiche a dhealbhadh a bheir seachad taic agus dùbhlan iomchaidh gus coinneachadh nas fheàrr ri feumalachdan a h-uile pàiste. Feumaidh luchd-obrach taic a thoirt do chloinn gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air an adhartas fa leth.

Leasaich ìrean ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh air feadh na sgoile. Dèan cinnteach gu bheil a h-uile gnìomhachd ionnsachaidh air feadh na sgoile air a mhaidseadh gu h-èifeachdach ri feumalachdan chloinne. Tha feum aig clann air taic agus dùbhlan nas fheàrr san ionnsachadh aca.

Chan eil adhartas gu leòr air a bhith ann fhathast san raon leasachaidh seo.

Tha cha mhòr a h-uile pàiste fhathast a' gabhail pàirt gu math san ionnsachadh aca. Ach, anns a' mhòr-chuid de leasanan, tha astar an ionnsachaidh fhathast ro shlaodach. Mar thoradh air seo, dh'fhaodadh clann ùidh a chall san ionnsachadh.

Tha an ceannard agus na tidsearan air tòiseachadh air stiùireadh feumail a chruthachadh gus taic a thoirt do ionnsachadh, teagasg agus measadh àrd-inbhe bhon sgrùdadh tùsail. Tha iad air a bhith an sàs gu co-obrachail ann an ionnsachadh proifeasanta a tha a' buntainn ri prìomh fheartan ionnsachadh is teagaisg èifeachdach. Cha robh seo a' toirt mòran buaidh air càileachd an ionnsachaidh is an teagaisg air feadh na sgoile. Le taic a bharrachd bhon ùghdarras ionadail, feumaidh an ceannard obrachadh gu luath gus tuigse thidsearan air ionnsachadh, teagasg agus measadh àrd-inbhe a leasachadh. Feumaidh i dèanamh cinnteach gu bheil aithris shoilleir, cunbhalach ann a chuidicheas luchd-obrach gus na h-inbhean a thathar a' sùileachadh bhuapa a thuigsinn.

Anns a' mhòr-chuid de leasanan, bidh tidsearan a' toirt fios air ais do chloinn mun obair aca. Ann am beag-chuid de leasanan, bidh iad a' toirt fios-air-ais sgrìobhte do chloinn. Chan eil am fios-air-ais seo an-còmhnaidh de ìre chunbhalach gus cuideachadh a thoirt do chloinn fios a bhith aca dè a rinn iad gu math no mar a dh'fhaodas iad leasachadh. Feumaidh tidsearan barrachd leasachaidh a dhèanamh air mar a chleachdas iad fios-air-ais àrd-inbhe a chuidicheas clann gus adhartas nas fheàrr a dhèanamh ann an ionnsachadh.

 © Còir Leth-bhreac a' Chrùin

Tha tidsearan a' leantainn air adhart a' leasachadh dhòighean-obrach airson ceasnachadh, ionnsachadh didseatach, ionnsachadh a-muigh agus ionnsachadh tro chluich. Ach, tha cothrom mòr ann fhathast airson eòlasan agus sgilean chloinne a leasachadh anns na raointean seo. Bu chòir don cheannard dèanamh cinnteach gu bheil tidsearan a' dealbhadh eòlasan nas cunbhalaiche agus àrd-inbhe do chloinn gus togail air na sgilean agus an ionnsachadh a th' aca mu thràth.

Chan eil breithneachaidhean proifeasanta thidsearan air coileanadh chloinne ceart agus làidir fhathast. Tha tidsearan fhathast aig na tùs ìrean ann a bhith a' cruinneachadh agus a' sgrùdadh fiosrachadh measaidh gu h-èifeachdach. Bu chòir dhaibh slatan-tomhais nàiseanta a chleachdadh nas èifeachdaiche gus adhartas chloinne a thomhas thar gach raon den churraicealam.

Àrdaich coileanadh ann an litearrachd agus àireamhachd air feadh na sgoile. Le bhith a' dèanamh seo, feumaidh tidsearan tuigse nas fheàrr a thogail air na h-inbhean nàiseanta.

Tha toiseach gealltanach air a bhith ann a thaobh dèiligeadh ris an raon leasachaidh seo. Ged a tha coileanadh iomlan a chaidh aithris air a dhol suas air feadh na sgoile, feumaidh tidsearan fhathast an tuigse air inbhean nàiseanta a leasachadh.

Thar na sgoile, tha a' mhòr-chuid de chloinn fhathast a' dèanamh adhartas riarachail ann an litearrachd agus àireamhachd. Tha a' mhòr-chuid de chloinn aig a bheil feum air taic a bharrachd leis an ionnsachadh fhathast a' dèanamh adhartas riarachail a dh'ionnsaigh an targaidean fa leth. Gu h-iomlan, tha coileanadh chloinne òga ann an litearrachd agus àireamhachd air a dhol am feabhas bhon sgrùdadh mu dheireadh. Tha coileanadh chloinne nas sine ann an èisteachd is labhairt, leughadh agus àireamhachd air a dhol am feabhas. Ann an sgrìobhadh, tha coileanadh chloinne nas sine air a dhol sìos. Tha feum aig beag-chuid de chloinn fhathast air barrachd dùbhlain nan ionnsachadh. Feumaidh an ceannard, le taic bhon ùghdarras ionadail, obrachadh còmhla ri tidsearan gus dèanamh cinnteach gu bheil tuigse shoilleir agus làidir aig tidsearan air na h-inbhean ris a bheil dùil gus ìre a choileanadh.

Ged a tha cleachdadh na Gàidhlig le clann sa chlas air a dhol am feabhas, tha an ceannard agus an luchd-obrach fhathast ri sgrùdadh a dhèanamh air coileanadh na cloinne ann an Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) gus inbhe ionnsachadh cànan oifigeil na h-Alba le clann a thogail. Feumaidh an ceannard agus an luchd-obrach taic a thoirt do chloinn gus tuigse fhaighinn air an adhartas agus na ceumannan a leanas ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.

Le taic bhon ùghdarras ionadail, tha an ceannard air siostam feumail a chruthachadh gus coileanadh chloinne a leantainn agus a sgrùdadh thar ùine. Feumaidh i a-nis am fiosrachadh seo a sgrùdadh nas mionaidiche còmhla ris an luchd-obrach. Feumaidh i tuigse nas fheàrr fhaighinn air gluasadan ann an coileanadh agus mar a bheir iomairtean agus eadar-theachdan leasachaidh sgoile buaidh air builean chloinne.

Dè thachras a-nis?

Chan eil an sgoil air adhartas gu leòr a dhèanamh bhon chiad sgrùdadh. Obraichidh sinn còmhla ri Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a thaobh comas na sgoile airson leasachadh. Tilllidh sinn gus sgrùdadh a bharrachd a dhèanamh air an sgoil taobh a-staigh bliadhna bho chaidh an litir seo fhoillseachadh. Beachdaichidh sinn còmhla ri Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a thaobh mion-fhiosrachadh an sgrùdaidh seo. Nuair a thilleas sinn dhan sgoil airson sgrùdadh, sgrìobhaidh sinn thugaibh mar phàrantan airson innse dhuibh mun adhartas a rinn an sgoil.

Denise Penman
Neach-sgrùdaidh an Rìgh

Às leth Àrd-neach-sgrùdaidh Foghlaim an Rìgh ann an Alba.

 © Còir Leth-bhreac a' Chrùin